

curraicealam airson sàr-mhathais:  
litearrachd agus gàidhlig  
prionnsapalan agus cleachdadh

[www.gaidhlig.ltscotland.org.uk](http://www.gaidhlig.ltscotland.org.uk)



## Litearrachd agus Gàidhlig Prionnsapalan agus cleachdadh

Tha cànan agus litearrachd cudromach gu pearsanta, gu sòisealta agus a thaobh na h-eaconamaidh. Tha ar comas air cànan a chleachdadh aig teis-meadhan mar a tha sinn a' toirt air adhart agus a' cur an cèill ar faireachdainnean, ar smaoineachadh, ar n-ionnsachadh agus an iomhaigh a tha againn dhinn fhìn. Tha cànan na phrìomh phàirt de ar cultar. Tro chànan, 's urrainn dhan chloinn agus do dhaoine òga faighinn gu dualchas litreachais a' chinne-daonna agus tuigse fhaighinn air beairteas agus farsaingeachd dualchas litreachais na h-Alba. Tha clann agus daoine òga a' tighinn tarsainn air, a' gabhail tlachd ann agus ag ionnsachadh bho na diofar chànanan a thathar a' cleachdadh nan dachaighean, nan coimhearsnachdan, leis na meadhanan agus le an co-aisean.

Tha litearrachd cudromach anns gach raon ionnsachaidh oir tha e a' fosgladh slighe a-steach dhan churraicealam fharsaing. Tha a bhith litearra a' toirt barrachd chothroman do gach neach anns gach slighe dem beatha, a' cur sìos bhunaitean airson ionnsachadh fad-beatha agus obair, agus a' cur gu mòr ri leasachadh nan ceithir comasan den *Churraicealam airson Sàr-mhathais*.

Tha am frèam Litearrachd agus Gàidhlig a' toirt air adhart smaoineachadh ann an dòighean breithneachail agus cruthachail, comasan èisteachd, labhairt, leughaidh agus sgrìobhadh, agus na sgilean pearsanta, eadar-phearsanta agus co-obrachaidh a tha cho cudromach sa bheatha làitheil agus ann an saoghal na h-obrach. Tha am frèam a' toirt do luchd-ionnsachaidh agus do phàrantan is luchd-teagaisg cunntas farsaing air an raon de chothroman ionnsachaidh a chuireas ri litearrachd, a' gabhail a-steach breithneachadh, comas cruthachaidh agus eòlas is tuigse air litreachas agus cultar.

San àm a dh'fhalbh, bha gach pàirt den fhrèam cànan air a thoirt air adhart le luchd-obrach ann an ionadan ro-sgoile agus ann am bun-sgoiltean agus ann an roinnean Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean. Leanaidh seo air adhart, ach tha am frèam ag aithneachadh gu bheil dleastanasan cudromach air an luchd-obrach uile anns na h-àrd-sgoiltean, anns na colaistean agus ann an suidheachaidhean obair òigridh a thaobh litearrachd a thoirt air adhart.

### Ciamar a tha am frèam litearrachd is Gàidhlig air a chur ri chèile?

Tha am frèam a' fosgladh le seata de aithrisean a tha a' toirt cunntas air an t-seòrsa obrach sam bu chòir do chlann agus daoine òga uile a bhith an sàs fhad 's a tha iad ag ionnsachadh airson an eòlas agus an sgilean litearrachd is cànan a thoirt air adhart. Cleachdaidh luchd-teagaisg iad seo nam planadh airson ionnsachadh is teagasg, còmhla ris na h-eòlasan agus builean, a tha nas mionaidiche.

Tha na h-aithrisean air eòlasan agus builean iad fhèin a' gabhail a-steach an dà chuid litearrachd agus Gàidhlig, agus a' daingneachadh gur e pròiseas *gnìomhach* a tha ann an ionnsachadh: mar eisimpleir, tha na builean a' cur cuideam air *sgrìobhadh* notaichean seach a bhith dìreach a' *cumail* notaichean. Tha na h-eòlasan a' gabhail a-steach phàirtean leantainneach agus cudromach de ionnsachadh leithid sgrùdadh agus a' faighinn tlachd à teacsa, agus tha na builean a' toirt cunntas air irean ann a bhith a' toirt sgilean agus tuigse air adhart.

Tha na trì cinn san fhrèam litearrachd is Gàidhlig co-ionann ris an fheadhainn a tha air an cleachdadh ann am frèaman litearrachd is Beurla, Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh) agus nuadh-chànanan:

- èisteachd is labhairt
- leughadh
- sgrìobhadh.

Fo na cinn sin tha fo-chinn.

Tha na h-eòlasan agus builean airson *tlachd agus roghainn* a' daingneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt cothrom do dhaoine òga roghainnean a dhèanamh a tha a' sìor fhàs gleusta.

Tha earrannan nan *innealan* a' gabhail a-steach sgilean agus eòlas cudromach: mar eisimpleir, tha leughadh a' gabhail a-steach chùisean cudromach leithid ro-innleachdan leughaidh, litreachadh agus gràmar.

Tha na h-earrannan mu *lorg agus cleachdadh fiosrachaidh* a' gabhail a-steach sgilean litearrachd breithneachail ann an leughadh; agus tha na h-aithrisean air *tuigse, anailis agus luachadh* a' brosnachadh tuigsinn theacsaichean, chan e a-mhàin tuigse litireil ach cuideachd sgilean aig ìre nas àirde na sin.

Mu dheireadh, tha eòlasan agus builean *cruthachadh theacsaichean* a' toirt cunntas air an t-seòrsa chothroman a chuidicheas clann agus daoine òga gus an comas air conaltradh a thoirt air adhart gu h-èifeachdach, mar eisimpleir le bhith a' sgrìobhadh mìneachadh a tha soilleir agus air a dheagh chur ri chèile.

Tha na h-eòlasan agus na builean air an sgrìobhadh ann an dòigh fhosgailte a leigeas le luchd-teagaisg an atharrachadh a rèir feuman chloinne agus dhaoine òga a tha a' cleachdadh Braille, cànan soidhnigidh agus modhan conaltraidh eile. Tha eisimpleirean air seo sna faclan 'dèiligeadh ri daoine eile' agus 'eadar-obrachadh' an taobh a-staigh bhuilean èisteachd is labhairt.

## **Ionnsachadh agus teagasg èifeachdach ann an litearrachd agus Gàidhlig**

Bho cheann gu ceann dem foghlam, bu chòir dhan chloinn agus daoine òga a bhith a' gabhail pàirt ann an àrainneachd a tha beairteach ann an cànan agus a tha a' sùileachadh tòrr ann an litearrachd agus cleachdadh cànan. Feumaidh clann agus daoine òga tìde a chur seachad le sgeulachdan, litreachas agus teacsaichean eile a nì an ionnsachadh inntinneach, a leasaicheas an sgilean cànan agus a bheir comas dhaibh tlachd fhaighinn asta. Tha cànan labhairt gu sònraichte cudromach sna tràth-bhliadhnaichean. Bidh luchd-teagaisg a' cothromachadh ionnsachadh stèidhichte air cluich le leasachadh agus ionnsachadh nas fhoirmeile air sgilean agus dòighean leughaidh, a' gabhail a-steach fonaigs.

Tron fhoghlam air fad, bidh ionnsachadh agus teagasg èifeachdach ann an litearrachd is Gàidhlig a' gabhail a-steach measgachadh sgileil de dhòighean-obrach freagarrach, leithid:

- cleachdadh cho-theacsan àbhaisteach agus tlachdmhor stèidhichte air beatha an latha an-diugh, a bhios a' togail air eòlasan chloinne agus dhaoine òga
- teagasg dìreach agus teagasg eadar-obrachail agus math
- cothromachadh eadar cluich saor-thoileach agus gnìomhan a tha air am planadh
- a bhith a' dèanamh feum de na buannachdan a thaobh brosnachaidh a gheibhear a bhith a' leantainn ùidhean chloinne agus dhaoine òga tro phlanadh fhaireachail
- co-obrachadh agus smaoineachadh is ionnsachadh neo-eisimeileach
- a bhith a' dèanamh cheanglaichean a tha a' dèanamh ciall don luchd-ionnsachaidh thar raointean eadar-dhealaichte den churraicealam
- a bhith a' togail air prionnsapalan Measadh agus Ionnsachadh
- cothroman lìonmhor airson conaltradh ann an raon farsaing de shuidheachaidhean, airson adhbharan feumail agus ri diofar luchd-amais, an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh ionadan ionnsachaidh
- toirt air adhart sgilean agus dhòighean-obrach airson fuasgladh cheistean
- cleachdadh ICT ann an dòighean iomchaidh agus feumail.

Bidh an cothromachadh eadar na dòighean sin eadar-dhealaichte aig diofar ìrean agus ann an diofar roinnean agus raointean den churraicealam. Cuidichidh còmhraidh mu dhòighean ionnsachaidh is teagasg an taobh a-staigh agus eadar roinnean gus dèanamh cinnteach à leantainneachd agus adhartas.

## **Bogadh ann an Gàidhlig**

Tha clann a' tighinn gu foghlam Gàidhlig bho mheasgachadh farsaing de shuidheachaidhean – bho theaghlachaichean ann an coimhearsnachdan làidir Gàidhlig gu suidheachaidhean far nach eil Gàidhlig ga bruidhinn idir. Ge be dè an suidheachadh, tha iarrtas phàrantan gum bi an clann dà-chànanach a cheart cho laidir mar as trice.

Nuair a thig luchd-ionnsachaidh Gàidhlig do chlas tro mheadhan na Gàidhlig, tha iad a' cluinntinn Gàidhlig agus tro thìde bidh iad ga bruidhinn, ga leughadh agus ga sgrìobhadh agus a' feuchainn ri obrachadh a-mach structar agus riaghailtean a' chànan. Is dòcha gun tèid greis seachad mus bi misneachd gu leòr aca a' Ghàidhlig a tha iad ag ionnsachadh a chleachdadh. Airson barrachd misneachd a thoirt dhaibh, agus faireachdainn gu bheil a' dèanamh adhartas, bidh luchd-teagaisg a' toirt chothroman dhaibh dèiligeadh ri luchd-labhairt Gàidhlig eile ann an diofar shuidheachaidhean.

Ni luchd-teagaisg cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh mar mheadhan ionnsachaidh agus conaltraidh agus gu bheil gach roinn den churraicealam ga theagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Mar a bhios

clann agus daoine òga a' leantainn orra a' faighinn tlachd ann a bhith air am bogadh sa Ghàidhlig tro bhun-sgoil agus àrd-sgoil, bidh luchd-teagaisg a' planadh structaran ionnsachaidh airson an sgilean cànan a thoirt air adhart anns a' Ghàidhlig. Bidh an àrainneachd ionnsachaidh brosnachail a thaobh cànan agus seallaidh agus bheir i ionnsachadh air adhart a tha stèidhichte air cleachdadh-cànan ceart agus briathrachas co-cheangailte ri cuspairean. Bidh measgachadh de dhòighean-teagaisg iomchaidh air an cleachdadh, a' dèanamh feum de cho-theacsan a tha nàdarach is fìor airson taic a thoirt dhan chloinn agus luchd-ionnsachaidh òg le bhith a' toirt air adhart an sgilean cànan Gàidhlig.

Tha na h-eòlasan agus builean a' tarraing air comasan an luchd-teagaisg Ghàidhlig a tha ann an deagh shuidheachadh airson beachdachadh agus togail air na tha an sgoilear air ionnsachadh a cheana anns an dachaigh no sa choimhearsnachd. Tha e mar uallach air luchd-teagaisg ìrean tràth agus bun-sgoile agus air tidsearan Gàidhlig san àrd-sgoil leasachadh a thoirt air sgilean gràmair Gàidhlig, structar sheantansan agus fuaimneachadh. Bidh luchd-teagaisg anns gach roinn den churraicealam a' neartachadh cleachdadh-cànan ceart sa Ghàidhlig. Bidh e gu h-àraidh cudromach dòigh-obrach fhaiceallach a chleachdadh ann a bhith a' cur air dòigh ionnsachadh agus teagasg ann am buidhnean sa bheil clann a tha fileanta sa Ghàidhlig mu thràth agus feadhainn nach eil.

Beachdaichidh luchd-teagaisg gu cùramach air planadh gus dèanamh cinnteach gu bheil clann agus daoine òga aig a bheil feum air taic a bharrachd a' faighinn làn-thaic nan ionnsachadh.

### **Tràth-bhliadhnaichean**

Aig na tràth-ìrean bidh luchd-obrach a' cleachdadh dhòighean air Gàidhlig a theagasg a tha a' cur cuideam air ionnsachadh gnìomhach. Leanaidh iad orra a' cleachdadh diofar dhòighean-teagaisg a chuidicheas gus Gàidhlig na cloinne a thoirt air adhart ann an suidheachaidhean fìor agus mac-meanmnach air a bheil a' chlann eòlach. Bheir a bhith a' feuchainn a-mach cànan ann an leithid sin a cho-theacsan air clann smaoineachadh agus rudan ùr ionnsachadh agus bheir e dhaibh cuideachd tomhas de roghainn a thaobh na tha iad ag ionnsachadh agus faireachadh gur e iad fhèin a thag e.

### **Bun-sgoil**

Ann an clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig tha ionnsachadh agus teagasg air a dhèanamh gu h-iomlan ann an Gàidhlig aig an ìre bogaidh bho P1 gu P3. Tha Beurla ga toirt a-steach an uair sin beag air bheag tro mheadhan na Gàidhlig, le Gàidhlig fhathast mar phrìomh chànan san t-seòmair-teagaisg anns gach roinn den churraicealam. Tha e cudromach gun cùm luchd-teagaisg a' dol le bogadh sa Ghàidhlig tro fhoghlam bun-sgoile agus àrd-sgoile, le luchd-teagaisg a' cur air chois structar soilleir airson ionnsachadh agus tuilleadh adhartais a thaobh sgilean cànan Gàidhlig. Tha feum air cuideam a chur air èisteachd agus labhairt aig na h-ìrean uile airson cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh an Gàidhlig a chleachdadh, a h-ath-chleachdadh agus a neartachadh. Ma bhios an luchd-teagaisg a' tuigsinn nan diofar cheumannan ann a bhith a' togail cànan còmhraidh, bidh tuigse nas fheàrr aca air cuin agus carson a bu chòir cànan agus gràmar na Gàidhlig a theagasg ann an dòigh fhoirmeil.

### **Àrd-sgoil**

Nuair a cheadaicheas an suidheachadh, bu chòir do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhith air a leudachadh cho fad 's a ghabhas, tarsainn air a' churraicealam agus an taobh a-muigh dheth. Airson cothrom a thoirt Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean practaigeach, a' gabhail a-steach saoghal na h-obrach, bidh luchd-teagaisg chuspairean a tha an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' sireadh agus a' togail air ceanglaichean ris a' choimhearsnachd gnìomhachais Ghàidhlig agus ri buidhnean co-cheangailte ri Gàidhlig, airson mothachadh a thoirt do na sgoilearan air cànan beò agus beothail aig a bheil buntanas rim beatha. Dh'fhaodadh gum bi mòran de luchd-teagaisg àrd-sgoile ag iarraidh cothrom air trèanadh ann an rudan a tha a' buntainn gu sònraichte ri teagasg chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig.

## **Tha na h-eòlasan agus na builean a' coimhead glè fharsaing – dè mura bheil mi cinnteach mu adhartas an taobh a-staigh, agus eadar, ìrean?**

Tha na h-eòlasan agus builean a' sealltainn ìrean comais iomchaidh aig gach ìre ach chan eil iad a' cur bacadh air adhartas os cionn sin. Tha an raon eòlasan a' ceadachadh adhartas aig diofar astair agus cuideachd barrachd doimhneachd is farsaingeachd ionnsachaidh tro bhith a' cleachdadh diofar cho-theacsachan. Bidh adhartas an taobh a-staigh agus tarsainn air ìrean a' gabhail àite ann an diofar dhòighean, nam measg:

- leasachadh agus daingneachadh leantainneach anns na sgilean uile

- a' fàs neo-eisimeileach ann a bhith a' cur nan sgilean sin an gnìomh, agus a thaobh a bhith gan cleachdadh ann an raon farsaing de cho-theacsaichean ionnsachaidh agus beatha
- feum an neach-ionnsachaidh air taic a lùghdachadh beag air bheag (mar eisimpleir taic o luchd-teagaisg, luchd-cuideachaidh clas, pàrantan agus co-aoisean), agus nas lugha feum ga dhèanamh de rudan leithid liostaichean fhacal agus fhrèaman sgrìobhaidh
- comas deasbad a stiùireadh gun chuideachadh bhon neach-teagaisg
- ann an leughadh, teacsaichean a' fàs nas fhaide agus nas duilghe (mar eisimpleir a thaobh bheachdan, structar agus briathrachas)
- ann an còmhradh agus sgrìobhadh, freagairtean a' fàs nas fhaide, nas gleusta agus nas mionaidiche
- mothachadh a' sìor fhàs mu dhòighean air riaghailtean cànan a chur gu feum gu h-èifeachdach.

Aig a h-uile ìre, bidh luchd-teagaisg a' planadh airson gum bi comas aig luchd-ionnsachaidh an sgilean a thoirt air adhart ann an doimhneachd a tha a' sìor-fhàs ann an raon de cho-theacsaichean. Bidh seo gu h-àraidh cudromach aig an ìre thràth do dhaoine òga a dh'fhaodadh a bhith feumach air taic a bharrachd.

## Dè thathar a' ciallachadh le litearrachd?

Ann a bhith a' mìneachadh litearrachd airson na 21mh linne, feumaidh sinn beachdachadh air na caochladh sheòrsaichean cànan air am bi ar clann agus daoine òga a' tighinn tarsainn agus a bhios iad a' cleachdadh. Mar sin, tha am mìneachadh a' gabhail a-steach rudan mar an t-astar agus na dòighean sa bheil fiosrachadh air a thoirt seachad. Tha am mìneachadh farsaing airson a bhith cinnteach gum bi e fhathast fìor san àm ri teachd. Mar sin, ann an *Curraicealam airson Sàr-mhathais* tha litearrachd air a mhìneachadh mar:

*an seata sgilean a leigeas le neach làn-phàirt a ghabhail ann am beatha an t-sluaigh agus ann an ionnsachadh, tro na diofar riochdan cànan agus na diofar cho-theacsaichean a tha an saoghal a' meas feumail agus luachmhor.*

Tha na h-eòlasan agus builean litearrachd ag amas air sgilean cleachdaidh cànan a thoirt air adhart, gu h-àraidh na sgilean a tha air an cur am feum gu cunbhalach leis gach neach nam beatha làitheil. Nam measg sin tha a bhith comasach air eòlas cànan a chur gu feum. Tha iad a' sealltainn mar a dh'fheumas comas a bhith aig daoine òga conaltradh gu h-èifeachdach an dà chuid aghaidh-ri-aghaidh agus ann an sgrìobhadh tro raon de mheadhanan a tha a' sìor leudachadh. Tha iad stèidhichte air rannsachadh nàiseanta is eadar-nàiseanta agus frèaman sgilean eile. Tha iad a' gabhail a-steach cho cudromach 's a tha èisteachd agus labhairt agus co-obrachadh èifeachdach ann an toirt ar smaoineachaidh agus ar n-ionnsachaidh air adhart.

Gu h-àraidh, tha na h-eòlasan agus builean a' dèiligeadh ri sgilean cudromach ann an litearrachd bhreithneachail. Chan e a-mhàin gum feum clann is daoine òga a bhith comasach air leughadh airson fiosrachadh: feumaidh iad cuideachd a bhith comasach air obrachadh a-mach dè an earbsa as còir dhaibh a chur san fhiosrachadh, agus aithneachadh cuin agus ciamar a tha daoine a' feuchainn ri ìmpidh a chur orra no buaidh fhaighinn air am beachdan.

## Dè mu litearrachd thar a' churraicealaim?

Tha cho cudromach 's a tha sgilean litearrachd thar gach raon den churraicealam air a dhaingneachadh ann an *Togail a' Churraicealaim 1*. Tha e comasach do luchd-obrach aig gach ìre – bho na tràth-bhladhnaichean tro fhoghlam bun-sgoile is àrd-sgoile gu suidheachaidhean obrach is colaistean – cuideachadh gus sgilean litearrachd chloinne agus dhaoine òga a thoirt air adhart agus a dhaingneachadh, an dà chuid tro na gnìomhan ionnsachaidh a tha air am planadh agus tro an conaltradh ri clann agus daoine òga. Tha e cudromach gum bi sgoiltean agus na tha ag obair còmhla riutha den aon bheachd a thaobh nan dleastanasan sin, agus gun toir na dòighean ionnsachaidh is teagaisg aca comas do gach pàiste agus gach duine òg adhartas math a dhèanamh nan sgilean litearrachd is cànan. Airson a dhèanamh soilleir gu bheil dleastanas aca uile, eadar iad, airson seo, tha na h-eòlasan agus builean cuideachd air am foillseachadh mar sgrìobhainn air leth, agus tha na tha seo a' ciallachadh airson ionnsachadh is teagasg air a mhìneachadh ann an dòigh nas mionaidiche anns an sgrìobhainn a tha na chois.

## Dè an ceangal a tha eadar litearrachd agus Gàidhlig, agus frèaman eile?

Thathar air a bhith cùramach mu bhith a' maidseadh Frèam Theisteanasan agus Creideas na h-Alba. (SCQF). Tha adhartas aig a' cheathramh ìre air a dhealbh airson a bhith dlùth don ìre a tha co-cheangailte ri

SCQF ìre 4. Tha am frèam air a leasachadh airson taic a chur ri sgilean deatamach an taobh a-staigh *Sgilean do dh'Alba agus Frèam Àireamhachd agus Litearrachd Inbhich airson Alba*.

## Ceanglaichean ri raointean eile den churraicealam

A thuilleadh air na cothroman airson litearrachd a thoirt air adhart a gheibhear anns gach raon de ionnsachadh, tha ceanglaichean làidir ann eadar ionnsachadh sa Ghàidhlig agus ionnsachadh ann an roinnean eile den churraicealam. Tha ceanglaichean dlùth, mar eisimpleir, eadar na h-ealain chruthachail agus sgrìobhadh chruthachail, agus eadar cuspairean sòisealta agus litearrachd bhreithneachail. Tha e dualach gum bi an dà chuid rannsachadh agus eileamaid làidir de thaisbeanadh an lùib ionnsachadh eadar-chuspaireil, a thuilleadh air a bhith a' toirt cothroman math airson sgilean cànan a leudachadh. Ann an àireamhachd, tha ceangal soilleir eadar na builean airson làimhseachadh fiosrachaidh agus builean litearrachd bhreithneachail, far a bheilear ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh measadh a dhèanamh air cho earbsach 's a tha fiosrachadh.

Ge b'è dè an roinn no an cuspair, bidh daoine òga:

- a' dèanamh conaltradh ri chèile airson an ionnsachadh is an smaoinichadh a neartachadh
- ag obair còmhla gus ullachadh airson leughadh theacsaichean air nach eil iad eòlach
- a' leughadh raon farsaing de theacsaichean airson fiosrachadh a thional agus a sgrùdadh airson diofar adhbharan
- a' sgrìobhadh mhìneachaidhean soilleir
- a' toirt seachad fiosrachadh no bheachdan.

## Dè thathar a' ciallachadh le 'teacsaichean'?

Feumaidh am mìneachadh air 'teacsaichean' a bhith farsaing agus comasach air obrachadh san àm ri teachd: agus mar sin ann an *Curraicealam airson Sàr-mhathais*,

*'s e meadhan a tha ann an teacsa trom faodar smuaintean, eòlasan, beachdan agus fiosrachadh a chur an cèill.*

Tha leughadh agus dèiligeadh ri litreachas is teacsaichean eile aig teis-meadhan toirt air adhart eòlas agus tuigse luchd-ionnsachaidh. Tha seo a' gabhail a-steach chan e a-mhàin teacsaichean air am foillseachadh anns na dòighean sgrìobhte no clò-bhuailte àbhaisteach, ach cuideachd teacsaichean a tha air an labhairt no ann an riochd eileagtronaigeach no film. Faodaidh teacsaichean a bhith ann an cruth leantainneach, a' gabhail a-steach rosg foirmeil traidiseanta, no ann an cruth neo-leantainneach, mar chlàran no ghrafaichean. Tha am frèam litearrachd is Gàidhlig a' gabhail a-steach mar a tha barrachd is barrachd feum ga dhèanamh de theacsaichean ioma-mheadhanach, conaltradh didseatach, lionraidhean sòisealta agus na seòrsaichean eile de chonaltradh eileagtronaigeach air am bi clann agus daoine òga a' tighinn tarsainn nam beatha làitheil. Tha e a' gabhail a-steach gu bheil na sgilean a dh'fheumas clann agus daoine òga airson na teacsaichean sin a leughadh eadar-dhealaichte bho na sgilean air a bheil feum aca airson rosg leantainneach a leughadh. Tha eisimpleirean gu h-ìosal.

Eisimpleirean de theacsaichean
nobhailean, sgeulachdan-goireid, deilbh-chluich, bàrdachd, teacsaichean fiosrachaidh, earrannan labhairt, clàran, mapaichean, grafaichean agus clàran-ama, sanasan, bileagan sanasachd, pàipearan chloinne, pàipearan-naidheachd agus irisean, cunntais-beatha, litrichean agus puist-dealain, filmichean, geamannan agus prògraman TBh, bileagan, soidhnichean agus postairean, reasabaidhean, leabhraichean làimhe agus stiùireadh aithisgean agus lèirmheasan teachdaireachd teacsa, blogaichean is làraich lionraidh shòisealta, duilleagan eadar-lìn, catalogan agus leabhraichean-seòlaidh



Ann am planadh airson ionnsachadh ann an raon curraicealaim sam bith, tha e cudromach gum bi luchd-obrach cinnteach gum bi clann agus daoine òga a' tighinn tarsainn air raon farsaing de sheòrsaichean teacsa eadar-dhealaichte, ann an diofar mheadhanan. Mar a bhios iad a' gluasad air adhart nan ionnsachadh, thig clann agus daoine òga tarsainn air teacsaichean a bhios a' sìor fhàs iomadh-fhillte a thaobh fad, structar, briathrachas, beachd-smuaintean agus bun-bheachdan.

## Cò ris a tha measadh litreachd agus Gàidhlig coltach?

*(Bu chòir an earrann seo a bhith air a leughadh an co-bhonn ris a' chomhairle air litearrachd.)*

Bidh measadh ann an litearrachd is Gàidhlig a' cuimseachadh air mar a tha clann agus daoine òga a' dèiligeadh ris a' chainnt, na smuaintean agus am fiosrachadh air am bi iad a' tighinn tarsainn ann an teacsaichean agus air mar a tha an sgilean èisteachd, labhairt, leughaidh agus sgrìobhaidh a' tighinn air adhart agus air an cur gu feum.

Gheibh luchd-teagaisg dearbhadh air an adhartas a tha iad a' dèanamh tro chlann agus daoine òga a bhith a' fàs nas sgileile air an smuaintean a chur an cèill agus air a bhith a' cleachdadh cànan ann an dòigh iomchaidh a rèir an adhbhair agus an luchd-amais. Bidh a' chuid mhòr den fhianais airson seo air a thional mar phàirt de ionnsachadh làitheil. Tha gnìomhan measaidh feumail cuideachd mar dhearbhadh air adhartas, gu h-àraidh aig amannan nuair a tha clann agus daoine òga a' gluasad eadar ìrean.

Bidh measadh adhartais ann an litearrachd is Gàidhlig a' cuimseachadh air co-dhùnaidhean mun adhartas a tha clann agus daoine òga a' dèanamh ann a bhith a' togail prìomh sgilean litearrachd is Gàidhlig, agus a' cur nan sgilean sin an sàs nan ionnsachadh, nam beatha làitheil agus ann an ullachadh airson saoghal na h-obrach. Mar eisimpleir:

- Dè cho math 's a tha iad air conaltradh le misneachd, a rèir adhbhair agus luchd-amais, agus dè cho mothachail 's a tha iad air beachdan dhaoine eile nuair a tha iad a' dèiligeadh riutha cho math 's a tha iad air a bhith a' leudachadh am briathrachais làitheil agus am briathrachais speisealta?
- Dè na tha iad a' cur ri an cànan làitheil agus am briathrachas speisealta?
- Ciamar a tha am misneachd nan èisteachd is labhairt a' cuideachadh an leasachadh pearsanta, an sgilean sòisealta agus an comas air ceistean fhuasgladh?
- Dè an ìre gu bheil iad a' feuchainn agus a' faighinn tlachd à bàrdachd agus òrain Ghàidhlig, agus sgeulachdan a tha a' sìor-fhàs iomadh-fhillte agus eadar-dhealaichte o chèile, agus a' dèiligeadh riutha gu pearsanta?
- Dè cho math 's a tha iad air dèiligeadh ri ceistean doirbh a nochdas ann an teacsaichean?

Tha soirbheachadh san ùine fhada a thaobh cleachdadh litearrachd is Gàidhlig an crochadh gu mòr air cho deònach 's a tha luchd-ionnsachaidh a dhol an sàs ann an obair agus dleastanasan sònraichte agus crìoch a chur orra. Air sgàth sin, tha e cudromach a bhith a' cumail sùil orra agus a' bruidhinn riutha mun ùidh a tha aca ann an sgeulachdan, bàrdachd is rosg agus ann am facail is an roghainnean leughaidh, agus cho deònach 's a tha iad a bhith ag innse mu rudan a thachair dhaibh tro chòmhradh is sgrìobhadh. Chithear an t-adhartas a tha iad a' dèanamh, mar eisimpleir, tro mar a tha iad a' cleachdadh cànan ann an dòighean a tha a' fàs nas cruthachaile agus mar a tha an tuigse air litreachas agus cultar a' fàs.

## Sgrìobhainnean ainmichte gu h-àrd

*Frèam Àireamhachd is Litearrachd Inbhich do dh'Alba (An Adult Literacy and Numeracy Framework for Scotland)*

[http://www.lc.communitiesscotland.gov.uk/stellent/groups/public/documents/webpages/cs\\_008875.pdf](http://www.lc.communitiesscotland.gov.uk/stellent/groups/public/documents/webpages/cs_008875.pdf)

*Sgilean do dh'Alba (Skills for Scotland)*

<http://www.scotland.gov.uk/Publications/2007/09/06091114/0>